

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/11/24

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Sultain 2024

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do bhuill mu phrìomh raointean leasachaidh o chionn ghoirid taobh a-staigh leasachadh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach:

- leasachaidhean ann an adhartas a thaobh Ionnsachadh Proifeiseanta airson Foghlam Gàidhlig,
- dàta agus targaidean gu ruige a bhith a' libhrigeadh Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 ann am Plana na Gàidhlig (PG) airson Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh 1+2.

Tha an aithisg cuideachd a' toirt cunntas às ùr do bhuill mu ghnìomhan gu ruige Foghlam Gàidhlig Co-obrachail. Tha seo a' cur phlanaichean an gnìomh gus:

- plana ro-innleachdail a sholarachadh airson Taic Ionnsachaidh Proifeiseanta FtG (Foghlam tron Ghàidhlig) airson 2024/25.
- dèanamh cinnteach gu bheil cothrom ann air ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd iomchaidh, a tha a' freagairt gu sònraichte air feumalachdan cànan is proifeiseanta an luchd-obrach a tha an lùib a bhith a' solarachadh an dà chuid FtG agus FLI.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- toirt fa-near do na raointean leasachaidh is adhartais ann am Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 de Phlana na Gàidhlig; agus
- beachdachadh air na gnìomhan gus taic a chur ri Ionnsachadh Proifeiseanta nan Tidsèaran Gàidhlig a tha a' cur taic ris na Riatanasan Ro-innleachdail airson Foghlam Gàidhlig.

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha am maoin eachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh FtG agus FLI.

Airson na bliadhna ionmhasail 2024/25, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas TSG £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8M agus chaidh £915,000 fhaotainn.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoin eachadh a bharrachd tro thagraidhean airson pròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Far an urrainnear, bithear a' cumail choinneamhan air-loidhne.

3.5 Cunnart

Nach eilear a' coileanadh nam builean a thaobh foghlam Gàidhlig ann am Plana na Gàidhlig agus nach eilear a' coinneachadh nan riatanasan airson foghlam Gàidhlig ann an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

3.6 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)

Chan eil buaidhean ann.


3.7 Gàidhlig

Tha an aithisg a' cur ri leasachadh foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Prìomh Leasachaidhean ann an Ionnsachadh Proifeiseanta airson Tidsèaran Foghlam Gàidhlig

4.1 Tha am Prìomh Mhanaidsear Stiùiridh airson Ionnsachadh Proifeiseanta air a bhith ag obair ann an com-pàirteachas dlùth le Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig agus Oifigear Taic na Gàidhlig a thaobh a bhith a' toirt na Gàidhlig a-steach dhan Fhrèam airson Ionnsachadh Proifeiseanta agus Ceannardas. Bha obair thùsail a' dèanamh cinnteach gun robh na lìonraidhean airson ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas a' gabhail a-steach fòcas air FtG agus gu bheil [Plana Gàidhlig - Gaelic](#)


[Language Plan 2023–2028 | Comhairle na Gàidhealtachd](#) air a thoirt na lùib. Tha na lìonraidhean a tha nam pàirt dhen Fhrèam Cheannardais nan carbad airson a bhith a' leasachadh nan ceannardan foghlaim againn agus a' comasachadh a bhith a' libhrigeadh prìomhachasan ro-innleachdail 4.1 is 4.2 ann am Plana na Gàidhlig.



- 4.2 Bidh na ceannardan-sgoile ùra is eadar-amail againn, agus iadsan a bu toil a bhith an lùib ceannardais agus a tha air àite a ghleidheadh air a' phrògram ionnsachaidh proifeiseanta nàiseanta 'Into Headship', a' crìochnachadh modal air-loidhne le Foghlam Alba mu na diofar phàirtean de phoileasaidh is reachdas airson foghlam Gàidhlig. Bhon Lùnastal 2024, tha an t-ionnsachadh air-loidhne air a neartachadh le bùithtean-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd air foghlam Gàidhlig, a tha air an libhrigeadh ri taobh a' mhodail ionnsachaidh air-loidhne. Bidh am Prìomh Mhanaidsear Stiùiridh airson Ionnsachadh Proifeiseanta, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig agus Oifigear Taic na Gàidhlig a' libhrigeadh nan seiseanan do cheannardan ùra agus do cheannardan eadar-amail.

Tha latha inntigidh an luchd-pròbhaidh againn a-nis a' gabhail a-steach bùth-obrach mu fhoghlam Gàidhlig agus tha seo mar phrìomhachas san [Acadamaidh airson Ionnsachadh Proifeiseanta agus Ceannardas](#) ùr. Thairis air na trì bliadhna a tha romhainn, thèid FtG agus FLI a bhuileachadh thar lìonraidhean air fad mar phàirt dhen Fhrèam Cheannardais.

Professional Learning and Leadership Framework



* to be developed by 2025

Tha Cuairt-litir airson Ionnsachadh Proifeiseanta agus Ceannardas ga foillseachadh gach teirm agus a' gabhail a-steach earrann shònraichte mun Ghàidhlig. Tha seo a' toirt tuilleadh brosnachaidh dhan ionnsachadh phroifeiseanta a tha air a stiùireadh le Oifigear Taic na Gàidhlig. Bidh Oifigear Taic na Gàidhlig ag obair gu dlùth le Oifigear Prògram an Fhoghlaim airson dèanamh cinnteach gu bheil gach sgoil agus suidheachadh mothachail mu stuthan is thachartasan. Tha eisimpleirean de ghoireasan air an gabhail a-steach sa ghrafaig-fhiosrachaidh gu h-ìosal:

Gàidhlig / Gaelic



Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig / Gaelic Medium Education



Ag ionnsachadh Gàidhlig / Learning Gaelic



Tidssearan pròbhaidh na Gàidhlig / Gaelic Probationer Teachers



Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig / Gaelic Learner Education

5. Prìomhachas Ro-innleachdail 1 + 2

5.1 Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 – Lìbhrig brosnachadh agus fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh air feadh an ùghdarrais.

Aig an àm seo, tha an clàr a leanas a' sealltainn àireamh nan sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C2 no C3 ann an 2023/24.

5.2	Sgìre	C2	C3	Sgoiltean nach eil a' libhrigeadh Gàidhlig	Àireamh iomlan sgoiltean	Solar C2/C3 mar % san sgìre

Meadhan	1	9	23	33	30%
Tuath	2	7	21	30	30%
Deas	0	24	26	50	48%
Siar	2	23	7	54	87%

Airson obrachadh gu ruige na targaid de 70% de sgoiltean a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C2 no C3, tha sinn air na leanas a chur an gnìomh:

- Goireasan agus gnìomhan ionnsachaidh neartaichte a ghabhas luchdachadh a-nuas gus taic a chur ri prògram Go!Gaelic.
- Modalan fèin-ionnsachaidh seasmhach 'àm sam bith' le bhidio agus taic chlaisneach airson eòlas a chur air briathrachas is structaran. Tha ceanglaichean leudachaidh ann airson taic a thoirt dhaibhsan aig a bheil deagh ghrèim air Gàidhlig bhunaiteach gus seo a leasachadh barrachd.
- Prògram trèanaidh làidir tro sheiseanan 'Twilight' airson tidsearan a chuideachadh le bhith ag ionnsachadh cànan na Gàidhlig, a' toirt cothrom dhaibh na h-abairtean a ràdh tro na gnìomhan ionnsachaidh.
- Prògram Leasan Beò – libhrigeadh teagasg-sgioba air-loidhne, le neach-labhairt Gàidhlig a' teagasg briathrachas/structaran beò do sgoilearan, agus an tidsear clasa an uair sin a' cluiche gheamaichean eadar-obrachail leotha. Tha seo a' togail misneachd an tidseir is nan sgoilearan fhad 's a thathar a' taisbeanadh deagh chleachdadh airson a bhith a' teagasg cànan.

5.3 Tha sinn air trì cùrsaichean Leasan Beò a libhrigeadh, a' gabhail a-steach am paidhleat, do mhòran sgoiltean air feadh Alba, le cuibheas de 20 sgoil anns gach cùrsa, agus a' mhòr-chuid le barrachd air aon tidsear/clas a' gabhail pàirt. Bha cuibheas de 30 tidsearan/clasaichean a' frithealadh gach seisean sa chùrsa mu dheireadh.

Bhon a chaidh am paidhleat a dhèanamh sa Chèitean 2023, agus taobh a-staigh na Gàidhealtachd a-mhàin, tha sinn air 52 tidsearan ùra a ruigsinn (iadsan nach robh air pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig 1+2 roimhe) agus air 7 sgoiltean ùra a ruigsinn (feadhainn nach do chuir a' Ghàidhlig sìos mar roghainn C2 no C3).

5.4 San t-seisean a tha air thoisich, bidh sinn a' ruith cùrsa 6-seachdainean Ionnsachadh Cànan a' tòiseachadh san t-Sultain 2024, a' còmhach nan ciad ochd cuspairean ann an Go!Gaelic agus bidh sinn an uair sin a' cur air dòigh cùrsa sia-seachdainean Ionnsachadh Cànan, a' còmhach nan cuspairean a tha air fhàgail, a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2025.

Tha na cùrsaichean seo a' toirt thidsearan tron phrògram ionnsachaidh Go!Gaelic air fad, a' coimhead air briathrachas agus structaran airson nan cuspairean uile a thathar a' còmhach. Tha an trèanadh seo fosgailte do thidsearan bho air feadh a' Chaidreachais a Tuath.

5.5 Bidh sinn cuideachd a' ruith cùrsa dà-ìre Leasan Beò a' tòiseachadh san t-Samhain 2024 airson sia seachdainean agus às dèidh sin thèid an cùrsa a ruith a-rithist, a' tòiseachadh sa Ghiblean 2025. Faodaidh tidsearan taghadh eadar ìre fìor luchd-tòiseachaidh no ìre eadar-mheadhanach.

Tha an ìre eadar-mheadhanach ag amas air tidsearan agus clasaichean a tha an dàrna cuid air cùrsa an luchd-tòiseachaidh a dhèanamh no a tha air a bhith ag obair air cuspairean bunaitich Gàidhlig mar-thà. Chaidh seo iarraidh roimhe airson taic a thoirt dhaibhsan a tha air trèanadh Gàidhlig a fhrithealadh roimhe agus a tha airson an cuid eòlais a leudachadh.

Bidh na cùrsaichean seo a' ruith aig an aon àm ri cùrsa an luchd-tòiseachaidh a bhios air a stiùireadh leis an Oifigear 1+2 ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus an cùrsa ìre eadar-mheadhanach air a stiùireadh le Oifigear Taic Foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.

- 5.6 Bidh seisean 2024/25 ag amas air 'Twilights' Gàidhlig agus Leasan Beò do na bun-sgoiltean nach eil an-dràsta a' tabhann Gàidhlig an dàrna cuid mar C2 no C3, fiù 's ged a bhiodh Gàidhlig ga tabhann san àrd-sgoil cho-cheangailte aca. An-dràsta, tha 37 sgoiltean san earrainn seo, ged a tha trì air pàirt a ghabhail mar-thà sna seiseanan Leasan Beò. Thèid fios a chur gu dìreach gu na sgoiltean le cuireadh pàirt a ghabhail an dà chuid sna 'Twilights' agus sna Leasan Beò.

6. Caidreachas Ionnsachaidh Phroifeiseanta FtG 2024/25

- 6.1 Tha Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig air obrachadh ann an com-pàirteachas dlùth le Sgioba a' Chaidreachais agus Oifigear Litearrachd na Ghàidhealtachd againn airson FtG gus prògram leasachaidh co-obrachail Gàidhlig airson 2024/25 a leasachadh do thidsearan agus àrd-luchd-stiùiridh ann an sgoiltean le raon-ùghdarras airson foghlam Gàidhlig.

Bidh an Caidreachas airson FtG a' toirt taic do Sheirbheis an Fhoghlaim gus na riatanasan a leanas a choileanadh:

- Inbhe Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba airson clàradh iomlan 2.1.1. Eòlas agus Tuigse Phroifeiseanta. Riatanas airson doimhneachd eòlais agus tuigse air teòiridhean eòlas-teagaisg is ionnsachaidh, agus tarraing orra seo mar a tha iomchaidh gus fios a chur ri dealbhadh curraicealaim is susbaint, a' gabhail ealla do FtG.
- An earrann ann an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd ann am Foghlam Gàidhlig. 'Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim agus ùghdarrasan poblach buntainneach eile dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-obrach uile a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig air ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd a tha a' buntainn gu sònraichte ri feumalachdan cànan is proifeiseanta an luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' solarachadh an dà chuid FtG agus FLI'.

- 6.2 Rè seisean 2024/2025, tha na gnìomhan Gàidhlig co-obrachail a leanas air am planadh:

- Seisean co-obrachail do cheannardan FtG le fòcas sònraichte air a bhith a' clàradh is a' togail buileachadh, Teirm 1.
- Seiseanan taic litearrachd air an cur air dòigh ann an com-pàirteachas le Sgioba Gàidhlig Foghlam Alba, Teirm 1 agus 2.
- In-sheirbheis Co-obrachail Thidsearan FtG – A' Cur air Adhart Leasachadh ann an Litearrachd Ghàidhlig, Gearran 2025.

- Caidreachas litearrachd Ghàidhlig na Gàidhealtachd ann an com-pàirteachas le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, leantainneach tron t-seisean:

Start Date	Sector(s)	Title
20/08/2024	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Literacy Resources available in GME through Highland Literacy
26/11/2024	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Literacy Interventions in GME
25/02/2025	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Teaching Phonics in Gaelic Medium (repeat)
25/03/2025	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Developing Writing in Gaelic Medium (repeat)
06/05/2025	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Reading in Gaelic Medium
03/06/2025	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Literacy Resources available in GME through Highland Literacy
24/06/2025	Primary Class Teachers Pupil Support Assistants	Literacy Interventions available in GME (repeat)

7. Sabhal Mòr Ostaig, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

- 7.1 Tha Sgioba na Gàidhlig gu gnìomhach a' brosnachadh chom-pàirteachasan ionnsachaidh proifeiseanta le prògram Foghlam Thidsearan Sabhal Mòr Ostaig.
- 7.2 Tha luchd-obrach Foghlam Thidsearan Sabhal Mòr Ostaig gu gnìomhach an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan is do dh'oileanaich ann am Foghlam tron Ghàidhlig tron Chlub Irise agus Oideas. Tha an Club Irise a' toirt seachad cothrom a bhith an lùib thaisbeanaidhean is chòmhradhean le proifeiseantaich eile air-loidhne, le fòcas air bogadh agus foghlam dà-chànanach. Bidh Oideas, ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, a' dèanamh phod-chraolaidhean agus tha seo a' toirt cothrom do phroifeiseantaich a tha ag obair ann am Foghlam tron Ghàidhlig a bhith a' meòrachadh còmhla mun cuid obrach.



[Oideas - Sabhal Mòr Ostaig \(uhi.ac.uk\)](http://uhi.ac.uk)

- 7.3 Tha Sabhal Mòr Ostaig cuideachd a' solarachadh is a' toirt taic do cheum Maighstireachd ann am Foghlam Gàidhlig (MEd) do thidsearan uile. Tha seo a' cumail fòcas air eòlas-teagaisg bogaidh agus an cleachdadh as fheàrr ann am foghlam bogaidh eadar-nàiseanta, rannsachadh, poileasaidh agus cleachdadh ann am FtG, a' stiùireadh ionnsachadh ann am foghlam Gàidhlig agus ceasnachadh luchd-cleachdaidh gus fios a chur ri cleachdadh agus cleachdadh a leasachadh. Thathar air deagh fhios air ais fhaighinn mun MEd, agus tha tidsearan bho air feadh na

Gàidhealtachd an-dràsta a' faighinn buannachd bhon phrògram seo gus togail air an ionnsachadh a bh' aca roimhe.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 20 Lùnastal 2024

Ùghdaran: Tina Stones, Ruairidh MacAoidh, Lena Walker

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: